

## Nàiseanta 5 Gàidhlig Èisteachd Turas Earrann èisteachd mu thuras.

Madainn mhath agus fàilte air an turas seo. An-diugh bidh am bus againn a' fàgail Caol Acainn ann an còig mionaidean airson ar turas gu Caisteal Dhùn Bheagain ann an iar-thuath an Eilein Sgitheanaich.

Bidh sinn a' dol seachad air A' Chuilitheann agus chì sinn seallaidhean brèagha. Bidh sinn a' stad ann am Port Rìgh airson cofaidh na maidne ann an Taigh-òsta an Rìgh. An uair sin nì sinn ar slighe gu Caisteal Dhùn Bheagain far an gabh sinn cuairt tron chaisteal agus ma tha duine ga iarraidh, bidh cothrom ann a dhol a-mach ann am bàta a dh'fhaicinn nan ròn agus an eunlaith air na h-eileanan beaga mun cuairt.

Mur a h-eil sibh airson a dhol air a' bhàta, faodaidh sibh cuairt a ghabhail tro na gàrraidhean timcheall a' chaisteil, no faodaidh sibh fuireach air a' bhus ma thogras sibh. Bidh an turas anns a' bhàta mu leth-uair a thìde. Bu chòir dhan a h-uile duine a bhith air ais air a' bhus aig uair. Bidh sinn a' dol gu taigh-bìdh ainmeil airson biadh aig cairteal an dèidh uair.

Bidh sinn aig *Na Trì Dorsan* airson uair a thìde agus an dèidh sin tillidh sinn gu Caol Acainn air rathad Bhracadail far am faic sinn a-null gu Eilean Chanaidh agus Eilean Ruim. Bidh sinn a' stad airson dealbhan a thogail air an rathad dhachaigh. Bidh sinn air ais ann an seo mu leth-uair an dèidh ceithir.